



## Dè a th' ann an saorsa an fhiosrachaidh (FOI)?

- Bheir FOI a' chòir dhut fiosrachadh fhaotainn bho ùghdarrasan poblach
- Tha FOI a' bualadh air ùghdarrasan poblach, comhairlean ionadail, Riaghaltas na h-Alba, colaistean, oilthighean, SNS agus am Poileas
- Bheir FOI còir air fiosrachadh air a chlàradh: is e sin fiosrachadh a tha ga thasgadh is ga ghleidheadh ann an dòigh air choreigin
- Feumar iarrtasan a dhèanamh ann an cruth clàraichte, mar eisimpleir, litir, post-dealain no faidhle-bhideo
- Ma bhios cuideachadh a dhìth ort gus an t-iarrtas agad a dhèanamh, feumaidh ùghdarrasan poblach do chuideachadh
- Feumaidh ùghdarrasan poblach freagairt a thoirt gu deas, agus an taobh a-staigh 20 latha-obrach
- Thig mar thoradh air a' chuid as motha de dh'iarrtasan gun tèid am fiosrachadh a thoirt seachad
- Tha a' chuid as motha de dh'fhiosrachadh ga thoirt an-asgaidh, ged a dh'fhaodas ùghdarrasan cosgais a chur ort ann an cuid de shuidheachaidhean
- Chan fhaodar fiosrachadh a chumail air ais ach ann an suidheachaidhean sònraichte
- Bidh FOI cuideachd ag iarraidh air ùghdarrasan fiosrachadh sònraichte fhoillseachadh, gus nach bi agad ri bhith ga iarraidh
- Ma tha thu mì-thoilichte air adhbhar sam bith, an dèidh dhut iarraidh air an ùghdarras beachdachadh a-rithist air an fhreagairt aca, cuir tagradh gu Coimiseanair an Fhiosrachaidh ann an Alba
- Ma tha an Coimiseanair den bheachd gun do ghabh ùghdarras gnìomh ceàrr le bhith a' cumail fiosrachaidh air ais bhuat, faodaidh i toirt air an ùghdarras a thoirt seachad
- Ma bhuineas am fiosrachadh ris an àrainneachd, thèid an t-iarrtas agad a fhreagairt fo riaghailtean air leth a' bualadh air fiosrachadh mun àrainneachd
- Cuir fios gu Coimiseanair an Fhiosrachaidh ann an Alba gus fiosrachadh, comhairle is treòrachadh fhaighinn:

### Coimiseanair an Fhiosrachaidh ann an Alba

Caisteal Chinn Bhroin, Rathad nan Dìgean Dùbailte

Cille Rìmhinn, Fìobha KY16 9DS

fòn: 01334 464610

facs 01334 464611

post-dealain: [enquiries@itspublicknowledge.info](mailto:enquiries@itspublicknowledge.info)

[www.itspublicknowledge.info](http://www.itspublicknowledge.info)